

An Comunn Gàidhealach



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

An t-Sultain 2016 / September 2016

Teachdaireachd bhon Cheann-suidhe

Uair sam bith a bhios Am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' tilleadh gu na h-Eileanan an Iar, bidh sin na thoileachas mòr do gach cuid muinntir nan eilean fhèin agus luchd-taice na Gàidhlig anns gach àite, agus iad sin ag aithneachadh gu bheil na h-Eileanan an Iar cho faisg ri dachaigh coimhearsnachd don Ghàidhlig sa gheibhear ann an àite sam bith de dh'Alba. 'S e an dùbhlán a tha far comhair mar luchd-labhairt agus luchd-cleachdaidh na Gàidhlig dèanamh cinnteach gur e suidheachadh seasmhach a bhios ann an sin, agus dùbhlán mòr mu choinneimh. Ciamar as urrainn dhuinn a' Ghàidhlig fhaighinn gu bhith mar chànan phrìomh-roghnach an àite i bhith mar dhàrna-roghainn nach eil idir riatanach dhuinn?

Ma tha freagairt ann airson na ceist sin, is cinnteach gu bheil am facal 'oidhirp' mar phàirt dhìth. Às aonais fìor oidhirp a chleachdadh bho latha gu latha, tha e dualtach an ceann ùine nach bidh sinn ga chleachdadh idir. Tha mi gu mòr an dòchas gum bi an ùine a chaitheas sibh aig a' Mhòd a' frithealadh na diofar thachartasan, oifigeil is iomaill, air feadh gach sgìre na bhrosnachadh dhuibh ur cuid Gàidhlig, beag no mòr, a chleachdadh agus gum bi sibh a' misneachadh dhaoine eile sin a dhèanamh. Tha sinn air iarraidh air luchd-obrach agus luchd-cuideachaidh saor-thoileach aig a' Mhòd an cuid Gàidhlig a chleachdadh mar phrìomh-chànan conaltraidh leis a' phoball gus an dèan sinn cinnteach gum bi an ùine a chaitheas sinn anns na h-Eileanan an Iar a chum buannachd don chànan. Nan deidheadh coimhearsnachd Ghàidhlig nan Eileanan Siar a neartachadh mar thoradh air a' Mhòd a bhith ann, bhiodh sin na dhìleab às am biodh An Comunn moiteil agus iad a' comharrachadh 125 bliadhna bho chaidh an stèidheachadh.

Tha mi cinnteach gum bi Mòd nan Eilean Siar, le farpaisean agus tachartasan iomaill air feadh nan eilean, air leth soirbheachail. Tha mi a' coimhead air adhart ri ur faicinn ann!

Iain Macleòid, Ceann-suidhe.

A Message from the President

The return of the Royal National Mod to the Western Isles is always welcomed by both the people of the islands and Gaelic supporters of all areas, the latter recognising that the Western Isles still presents as close to a community home for Gaelic as can be found anywhere in Scotland. The challenge for us as speakers and users of Gaelic is to ensure that that position is maintained, in the face of other pressures. How do we make Gaelic a language of first-choice rather than a non-essential second-choice option?

If there is an answer to that question, it must be one that includes 'effort'. Without making a significant effort to use it from day to day, the likelihood is that over time we will be inclined not to use it at all. I sincerely hope that the time you spend at the Mòd at the various locations of official and fringe events will inspire you to use your Gaelic and encourage others to do so. All staff and volunteers involved with Mòd events have been encouraged to make Gaelic the language of initial contact with the public in order to ensure that our time in the Western Isles is usefully spent for the benefit of the language. A strengthened Gaelic community in the Western Isles as a consequence of the Mòd would be a legacy of which An Comunn would be proud in its 125th anniversary year.

I am confident that Mòd nan Eilean Siar, with competitions and fringe events throughout the islands, will prove to be a most successful event. I look forward to seeing you there!

John Macleod, President.



An Comunn Gàidhealach

Urram dhan Chomunn Ghàidhealach

Chaidh meala naidheachd a chur air a' Chomunn Ghàidhealach ann am Pàrlamaid na h-Alba is a' bhuidheann 125 bliadhna de dh'aois am-bliadhna.

'S i am ball Gàidhealach, Ceit Fhoirbeis BPA, a chuir an gluasad air adhart ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Thuir i gum bu chòir dhan Phàrlamaid aithneachadh obair mhòr a' Chomunn a thaobh litreachas, eachdraidh, ceòl is ealain na Gàidhlig, agus na buannachdan eaconamach a tha a' tighinn an lùib a' Mhòid.

"Chòrd e rium, mar a chòrd e ri tòrr chloinne ann an Alba, a bhith a' farpais sa Mhòd Ionadail, is an uairsin a bhith a' coimhead an tàlant aig a' Mhòd Nàiseanta.

"Tha mi a' guidhe gach soirbheachas dhan Chomunn Ghàidhealach san obair aca anns an ath-125 bliadhna", thuir i.

Recognition for An Comunn Gàidhealach

An Comunn Gàidhealach was recently congratulated in the Scottish Parliament on its 125th anniversary.

It was Kate Forbes MSP for Skye, Lochaber and Badenoch, who forwarded the motion in the Scottish Parliament on the 4th of September.


Kate has experience competing in Mods from her days as a pupil at Dingwall Academy and was pleased that the Parliament was recognising "the important role the organisation has played in the study of Gaelic literature, history, music and art".

"Scottish culture is all the richer for An Comunn Gàidhealach's efforts over the last century.

"I, like many children in Scotland, enjoyed competing in the local Mòd and then watching the real talent take to the stage at the national Mòd each year.

"The pursuit of excellence at the national Mòd has been a hall mark of the work of An Comunn Gàidhealach, and I wish them well for the next 125 years of Gaelic culture, tradition and language.

"An Comunn has also played a key role in the development of Gaelic resources at local and national levels to ensure the language has a strong Scottish presence."



An Comunn Gàidhealach

Clò a' Chomuinn Ghàidhealaich / An Comunn Gàidhealach Tweed

Tha An Comunn Gàidhealach air a bhith ag obair còmhla ri *Harris Tweed Hebrides* airson clò sònraichte a chruthachadh a bhios a' comharrachadh 125 bliadhna bhon chaidh An Comunn Gàidhealach a stèidheachadh.

Bha an clò air a dhealbhadh anns a' mhuilinn ann an Siaboist, an Leòdhas a' cleachdadh dathan a' Chomuinn san dealbhadh. Bidh sinn a' reic bathair a-chaidh a dhèanamh leis a' chlà agus chithear e ann an cuid de na tallaichean aig àm a' Mhòid.

Bha companaidhean ionadail, Leòdhasach, *By Rosie* agus *Rarebird* a-measg an feadhann a rinn stuthan reic mar sporanan, pocanan airson maise-gnùis, tàidhean agus flasgaichean-pòcaid.

Thuirte Iain Moireasdan, Àrd-oifigeir a' Chomuinn Ghàidhealaich:

"Tha sinn air ar dòigh a bhith ag obair còmhla ri *Harris Tweed Hebrides* airson clò sònraichte a chruthachadh a bhios a' comharrachadh 125 bliadhna bhon chaidh An Comunn Gàidhealach a stèidheachadh.

"Tha sinn toilichte a bhith a' tilleadh gu na h-Eileanan an Iar airson Mòd na bliadhna-sa agus chan eil dòigh nas fheàrr airson seo a chomharrachadh na a bhith ag obair còmhla ri companaidh cho cliùiteach ri *Harris Tweed Hebrides*."

Thuirte Margaret Ann NicLeòid, Stiùiriche Leasachaidh Margaidheachd *Harris Tweed Hebrides*:

"Tha ceangal làidir eadar cultar na Gàidhlig agus an Clò Hearach. Mar sin, tha e gu math nàdarach gu bheil an Clò Mòr air a chomharrachadh an lùib tachartas mar Am Mòd Nàiseanta Rìoghail a tha a' togail inbhe na Gàidhlig gu h-àiridh nuair a tha am Mòd a' tilleadh dhan choimhearsnachd againn fhìn."

An Comunn Gàidhealach have recently collaborated with Harris Tweed Hebrides to create our own tweed in celebration of 125 years of An Comunn Gàidhealach.

The tweed, which was milled in Shawbost, Lewis, incorporates An Comunn's branding colours and has been made into various garments for sale and will also be displayed in some of the venues during the week of the Mòd.

Local firms in Lewis such as By Rosie and Rarebird are among the suppliers of the accessory range which includes corsages, purses, make-up bags, men's ties and hip flasks.

John Morrison, Chief Executive of An Comunn Gaidhealach said:

"We're thrilled to be working with Harris Tweed Hebrides to create a special edition tweed celebrating a landmark 125 years of An Comunn Gàidhealach.

"It's great to be returning to the Western Isles for this year's Royal National Mòd and what better way to mark such an occasion than to work with such a prestigious organisation as Harris Tweed Hebrides."



HARRIS TWEED
HEBRIDES

An Comunn Gàidhealach

Donnchadh McDiarmid

Bha Coimhearsnachd Sgìre Dhùn-Dè, Aonghas agus Siorrachd Pheairt duilich cluintinn gun bhàsaich Donnchadh McDiarmaid à Obar Pheallaidh o choinn ghoirid.

Thug Donnchadh tòrr taic dha Mòd Ionadail Obar Pheallaidh airson iomadh bliadhna. B' e cluicheadair bogsa agus phìob a bh' ann agus bhiodh e tric a' nochdadh aig cèilidhean sa sgìre.

Thogadh Donnchadh ann an teaghlach le Gàidhlig Siorrachd Pheairt agus bha e gu math moiteil as a' Ghàidhlig agus cultar agus ceòl sa sgìre seo. B' e fìor dhuine-uasal Gàidhealach a bh' ann – coibhneil, fialaidh agus taiceil.

Chaidh an tìodhlacadh aig Donnchadh a chumail ann a Weem, faisg air Obar Pheallaidh agus bidh ionndrain mhòr air.

Tapadh leibh a' Dhonnchaidh airson gach taic a thug sibh dhuinn thairis air na bliadhnaichean.

Duncan McDiarmid

The Dundee, Angus and Perthshire Highland Community were saddened to hear that Duncan McDiarmid of Aberfeldy passed away recently.

Duncan was one of the pillars of the Aberfeldy Provincial Mòd for many generations. He was an able accordion player and piper who appeared at many ceilidhs in the area.

Duncan belonged to a family of Highland Perthshire Gaelic speakers and was immensely proud of the Gaelic culture and music of Highland Perthshire. He was a true Highland gentleman – kind; generous and supportive.

The funeral was held in Weem near Aberfeldy and Duncan will be missed by us all.

Thank you Duncan for your lifelong contribution.



An Comunn Gàidhealach

A' Sireadh Stiùbhardas airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2016

Tha Comataidh Mòd Ionadail nan Eilean Siar 2016 a' lorg luchd-cuideachaidh a tha deònach taic a thoirt mar stiùbhardan aig a' Mhòd san Dàmhair.

Thèid fàilte air a h-uile duine fiù 's ged nach eil sibh saor ach airson leth-latha. Thèid coinneamh a chur air dòigh airson trèanadh a thoirt don fheadhainn a tha airson cuideachadh.

Neo cuiribh fios gu An Comunn Gàidhealach air 01851 703487 ma tha sibh ag iarraidh ur n-ainm a chuir air adhart agus cuiridh sinn fios gu, Iain MacArtair, a tha an urra ri stiùbhardachd.

Stewards Required for Royal National Mod 2016

The Local Organising Committee for Mòd nan Eilean Siar 2016 is appealing for volunteers willing to help out as stewards during the festival in October.

Even assistance for a half day would be welcomed. A brief meeting will be arranged to offer training for potential stewards.

If you would like to volunteer, you can get in touch with An Comunn Gàidhealach on 01851 703487 if you would like to help we will pass on your details to the Stewarding Convener, Iain MacArthur.

Sgeama Measaidh nan Cairtean Gàidhlig

Cuimhnichibh dèanamh cinnteach a bheil feum agaibh air measadh Gàidhlig a dhèanamh mus gabh sibh pàirt ann an farpaisean a' Mhòid.

Ma tha feum agaibh air cairt fhaighinn airson Mòd nan Eilean Siar 2016, cuiribh fios gu Seonag Anderson airson measadh a chuir air dòigh seachdain a' Mhòid.

Cuideachd, cuimhnichibh gu bheil feum aig inbhich a tha airson Bonn Òr a' Chomuinn Ghàidhealaich no Bonn Òr an t-Seann Nòis a dhèanamh gu feumar cairt fhaighinn **gach trì bliadhna**.

Ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh measadh, cuiribh fios gu An Comunn Gàidhealach tro mheadhain post-dealain gu:

seonag@ancomunn.co.uk neo cuiribh fòn gu:

01463 709 705

Gaelic Testing

Please remember to check if you need a Gaelic testing card in order to compete in the competition that you have entered.

*If you are needing a Gaelic testing card to compete at Mòd nan Eilean Siar 2016, please contact Seonag Anderson **as soon as possible** to book a slot during Mod week as slots will be limited.*

*Please also be reminded that Gold Card holders who wish to compete in the An Comunn Gàidhealach Gold Medal or Traditional Gold senior competitions require to have been tested within the **last three years**.*

If you are not sure if you need a Gaelic test, would like to book a slot, or have any other questions regarding Gaelic testing, please email seonag@ancomunn.co.uk or phone:

01463 709 705

An Comunn Gàidhealach

Prògraman a' Mhòid agus tiocaidean

Tha prògraman agus tiocaidean rim faotainn bho Oifis a' Chomuinn Ghàidhealaich, Steòrnabhagh, no air a' fòn: 01851 703 487.

Bidh sinn a' reic prògraman agus tiocaidean bho Ionad Fiosrachaidh a' Mhòid aig Sgoil MhicNeacail tron t-seachdain.

Gheibhear barrachd fios a thaobh tiocaidean air an làrach-lìn againn:

<http://www.ancomunn.co.uk/index.php/nationalmod/moddetail/ticket-information-2016/ga>

Mod Programmes and Tickets

Mod Programmes and tickets are now available to purchase from An Comunn Gàidhealach's Stornoway office or over the phone: 01851 703 487.

Programmes and tickets will also be on sale during Mod week at the Mod Information Desk which will be located in the atrium of the Nicolson Institute.

For more information regarding tickets and prices, please visit our website:

<http://www.ancomunn.co.uk/index.php/nationalmod/moddetail/ticket-information-2016/en>

Oifisean a' Mhòid

Bi mothchail gum bi Oifis Inbhir Nis dùinte bho **5f Dimàirt 11 Dàmhair** nuair a ghluaiseas an oifis gu Steòrnabhagh airson a' Mhòd.

Tha Oifis Steòrnabhaigh a' gluasad gu Sgoil MhicNeacail **Dihaoine 14 Dàmhair**.

Bidh Oifis a' Mhòid fosgailte bho **9m Disathairne 15 Dàmhair—5f Dihaoine 21 Dàmhair**

Thèid an àireamh fòn airson oifis Steòrnabhaigh agus oifis Inbhir Nis troimhe chun oifis againn san sgoil.

Office Relocation

*Please be aware that the Inverness Office will be closed from **5pm Tuesday 11th October** as they relocate to Stornoway for the Mod.*

*The Stornoway office will begin relocating to the Nicolson Institute on **Friday 14th October**.*

*The Mod Office will be operational from **9am Saturday 15th October -5pm Friday 21st October***

Both Stornoway and Inverness office telephone numbers will be re-directed to our office at the Nicolson Institute.



An Comunn Gàidhealach

Ballrachd a' Chomuinn Ghàidhealaich

Bheil sibh n' ur ball den Chomunn
Ghàidhealaich?

Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50%
air cosgaisean ticeadan a' Mhòid – 'se sàbhaladh mòr a
tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios sibh a'
frithealadh mòran thacartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach, tadhlaibh
air: www.ancomunn.co.uk

Ballrachd: £15 – Inbhich

£5 - Oileanaich



An Comunn Gàidhealach Membership

*Are you a member of An Comunn
Gàidhealach?*

*All members of An Comunn Gàidhealach receive a
discount of 50% on Mod tickets – that's a big
saving, particularly if you hope to attend a number
of Mod events during the course of the week.*

*To become a member of An Comunn Gàidhealach,
please visit: www.ancomunn.co.uk*

Membership: £15 – Adults

£5 - Students



Taisbeanadh a' Mhòid

Gach bliadhna, bidh Taisbeanadh Gàidhlig againn aig
a' Mhòd a bhios a' ruith fad na seachdain. Bidh
measgachadh de bhuidhnean Gàidhlig agus ionadail ann le
fiosrachadh mu dheidhinn na seirbhisean a tha iad a'
tabhann. Nam measg bidh Comhairle nan Leabhraichean
agus Acair le leabhraichean, CDs & DVDs bhon bhùth aca,
agus mòran eile. Cuideachd, bidh tachartasan beò,
òraidean, ceòl agus taisbeanaidhean eadar-dhealaichte a'
gabhadh àite thairis air an t-seachdain, mar sin dèanaibh
cinnteach gun tig sibh a chèilidh oirnn.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh post-dealain gu:
Alison NicEanraig - alison@mypinkipromise.co.uk

Mod Exhibition

*Each year we have a Gaelic Showcase which runs for
the duration of the Mod, which features a wide selection
of Gaelic and local exhibitors with lots of information
about their products & services. These include the
Gaelic Books Council and Acair who will have many
books, CDs and DVDs to sell, and many more. The week
also features events, demonstrations and readings
within a performance area in the heart of the Showcase
so please pop in and say hello.*

*If you are interested in booking a stand at the Gaelic
Showcase or for any further information please
contact: Alison Henderson –
alison@mypinkipromise.co.uk*

An Comunn Gàidhealach

Entrance to the Nicolson Institute During Mod Week

Bitheabh mothchail gum bi prìomh dhoras Sgoil MhicNeacail dùinte dhan phoball seachdain a' Mhòid.

Gheibh farpaisich agus luchd-amharc a-steach air na dorsan aig cùl na sgoile.

Tha slighe ann bho Rathad a' Mhathanaich agus Rathad nam Buailtean a bhios a' dol chun taobh seo.

Entrance to the Nicolson Institute During Mod Week

Please be aware that the main entrance to the Nicolson Institute at the front of the school will be closed to the public during Mod week.

Competitors and Spectators will be able to gain access through the entrance at the back of the school.

There is a path leading from both Matheson Road and Springfield Road that will take you to this entrance.

A' siubhal gu na h-Eileanan an Iar airson Mòd nan Eilean Siar 2016

Mholadh sinn gum bu chòir do luchd-turais gu na h-Eileanan tiocaidean siubhail fhaighinn ron a' Mhòd air sgàth 's gum bidh na busaichean is na bàtaichean gu math trang.

Gheibhear clàr-ama busaichean Citylink air an làrach-lìn aca. Faodar tiocaidean fhaighinn an seo: www.citylink.co.uk no tro aon de na h-oifisean aca.

Ma tha sibh a' siubhal air bàta, mholadh sinn tiocaidean fhaighinn ro làimh— **fiù 's ma tha sibh a' coiseachd air a' bhàta**. Faodar a dhèanamh air loidhne aig: www.calmac.co.uk no tro na h-oifisean aca.

Travelling to the Western Isles for Mòd nan Eilean Siar 2016

We would like to advise visitors to the Islands to book travel arrangements in advance to avoid disappointment.

Citylink have released their winter timetable and buses can now be booked via their website: www.citylink.co.uk or through one of their travel shops/agents.

We would also urge passengers travelling from Ullapool to Stornoway to book tickets in advance—even if you are a foot passenger. This can be done online at: www.calmac.co.uk or at one of their terminals.

Làrach-lìn Mòd nan Eilean Siar 2016 / Mòd nan Eilean Siar 2016 Website

Tha làrach-lìn Mòd nan Eilean Siar làn fiosrachadh feumail a thaobh a' Mhòid agus tha an Comataidh Ionadail gu bhith a' cur barrachd ris anns na seachdainean a tha romhainn—nach cùm sibh sùil air.

The Mòd nan Eilean Siar website is full of useful information about the Mod. Keep an eye on it for updates from the Local Committee.

<http://www.modnaneileansiar.com/>



An Comunn Gàidhealach

Iomall a' Mhòid 2016 / Mòd Fringe 2016



Bidh taghadh de thachartasan gu math farsaing aig luchd-tadhail Mòd nan Eilean Siar 'nuair nach eil iad aig farpaisean am bliadhna.

Geibhear liosta de na tachartasan gu lèir air làrach-lìn a' Chomuinn Ghàidhealaich.

This year's Mòd Fringe is looking to be the most extensive yet with a wide range of events being held throughout the Western Isles.

For a full list of events, please see the Fringe Programme through our website.

Caismeachd Lochranach agus Fosgladh Oifigeil / Torchlight Procession and Mòd Opening Ceremony

Tha Caismeachd Lochranach air a chuir air dòigh airson toiseach tòiseachaidh a' Mhòid a chomharrachadh. Bidh Còmhlan Phìobaireachd Leòdhais aig ceann na caismeachd a bhios a' dol gu Ionad Spòrs Leòdhais airson Fosgladh Oifigeil a' Mhòid. Bidh sinn a' cruinneachadh aig Talla Bhaile Steòrnabhaigh aig 6.30f agus a' fàgail aig 6.45f. Tha an tachartas seo saor an asgaidh agus tha fàilte romhaibh uile!

Thèid Fosgladh Oifigeil a' Mhòid a chumail ann an Ionad Spòrs Leòdhais air Dihaoine 14 Dàmhair bho 8f. Bidh ceòl ann bho chòmhlairean-ciùil air leth – Dàimh agus còmhlan Mischa Nic a' pherson. Mholadh sinn tiocaidean fhaighinn ro làimh – tiocaidean £5 (Buill a' Chomuinn Ghàidhealach: An Asgaidh).

A Torchlight Procession has been organised to signify the start of Mòd nan Eilean Siar 2016. Starting from the Town Hall, the Lewis Pipe Band will lead marchers to the Sports Centre for the Official Opening Ceremony. We will be gathering at the Stornoway Town Hall at 6.30pm and leaving at 6.45pm. Joining in with the procession is free and everyone is welcome to come along!

The opening ceremony for Mòd nan Eilean Siar 2016 will take place in Ionad Spòrs Leòdhais on Friday 14 October from 8pm. This event is not to be missed and will feature music from Dàimh and the Mischa Macpherson Trio. Tickets for the event cost £5 (An Comunn Gàidhealach members: Free) and we advise that tickets be bought in advance to avoid disappointment.



An Comunn Gàidhealach



Ar Cànan 's ar Ceòl: Cèol nan Innse Gall

Thèid tachartas sònraichte—Ar Cànan 's ar Ceòl: Cèol nan Innse Gall- a chumail Oidhche Shathairne, 15 Dàmhair, ann an Ionad Spòrs Leòdhais. Bidh Anna Mhoireach is Anndra Yearley a' toirt "new take" air Fiddler's Rally le naoi còmhlan ciùil bho na h-eileanan còmhla le orcastra de fhìdhlean is bhogsaichean-ciùil a' tighinn còmhla a dh'aona-ghnothaich. Bidh an tachartas seo a' toirt a-steach taisbeanadh bho chuid de phrìomh bhuannaichean an latha. . Feuch nach caill sibh e!

Ar Cànan 's ar Ceòl: A Hebridean musical showcase, taking place on Saturday 15th October, promises to be a spectacular evening of music. Anna Murray and Andrew Yearley bring together nine groups from the islands and a specially assembled orchestra of

fiddles, accordions and button boxes, local choirs and dance groups. Prize-winners from the day's competitions will also feature. This event is not to be missed!

Caismeachd nan Còisir / Massed Choirs

Bidh na còisearan a' caismeachd bho Talla Bhaile Steòrnabhaigh gu Sgoil Mhic Neacail airson taisbeanadh seinn nan còisir: tachartas a bhios a' comharrachadh deireadh a' Mhòid. Thèid bratach a' Mhòid a thoirt seachad do Chomataidh Ionadail Loch Abar, 's Mòd na h-ath bhliadhna a' dèanamh air Loch Abar.

Choirs march from Stornoway Town Hall to The Nicolson Institute culminating in an incredible mass sing along. The Royal National Mòd banner will be handed over to The Lochaber Local Organising Committee for Mod 2017.

Ma tha sibh a' tighinn chun tachartas le càr no le bus, mholadh sinn pàirceadh aig Sgoil MhicNeacail air sgàth 's nach eil tòrr pàirceadh ann am meadhan a' bhaile.

If you are coming to the Massed Choirs event by car or coach, we would advise that you park at the Nicolson Institute to avoid congestion in the town centre.



Please note change of time for Massed Choir event: 11.30am– Meet at Town Hall

12 noon– March to The Nicolson Institute



Diciadain 19 Dàmhair 14.00-16.00

Wednesday 19 October 14.00-16.00

Museum nan Eilean, Steòrnabhagh

Museum nan Eilean, Stornoway

Bàta nan Salm-Psalmboat: Taigh-chèilidh a' Mhòid

The Psalmboat Project: Mod Ceilidh

le muinntir a' phròiseact a' toirt blasad de bheul-aithris, guth sònraichte nan Salm agus sgeulachdan nam bàtaichean seòlaidh air Loch Éireasort.

Featuring those involved in the project giving a taste of folklore, the precious word of the Psalm and stories of the sailboats on Loch Erisort.

Tha Pròiseact Bàta nan Salm ag ath-chruthachadh nan seann làithean far an do sheòl muinntir nan Loch bho na bailtean dhan eaglais, 's iad a' seinn nan Salm aig muir. 'S iad muinntir nam bailtean fhèin a tha an sàs, ag obair le luchd-ealain agus luchd fiolm gus tachartasan, ealan agus tasglann a thoirt gu chèile.

The Psalmboat Project is recreating the old days where the people of Lochs, Isle of Lewis, would sail from their village to church, singing Psalms at sea. It is the people from these villages themselves that are involved in, and, working with artists and film-makers in order to create events, art and exhibitions.



Body & Sole

Mod Make-Overs £15.00

"Aodann àlainn, guth binn"

Body & Sole will have a
Stall at The Mod for
All your Make-Up
Requirements to get you
Competition ready!

Book a time slot to avoid
Disappointment
£5 Deposit required

Ask about hairdressers' promotions

Tel: 704363 or email us
@bodyandsolestornoway.co.uk



Tha sinn air Instagram-
dèanaibh cinnteach gu bheil
sibh gar leantainn!

We're on Instagram- make
sure you're following us!

<https://www.instagram.com/royalnationalmod>

An Comunn Gàidhealach

Pàirceadh Mòid / Mòd Parking

Are you taking your car into Stornoway for Mod competitions? If so– please keep an eye out for these signs that will direct you to Mod parking.

Please visit www.modnaneileansiar.com for a map of venues and car parks.

A bheil sibh a' toirt leibh an càr airson farpaisean a' Mhòid? Ma tha– feuch an coimhead sibh a-mach airson na soidhnichean seo.

*Gheibhear mapa a' sealltainn na tallaichean agus àiteachan pàirceadh aig:
www.modnaneileansiar.com*



Àite-fuirich airson Mòd nan Eilean Siar

Bidh mòran agaibh air àite-fuirich a chur air dòigh airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo.

Ma tha sibh fhathast ri àite a chur air dòigh, bu chòir dhuibh fios a chur gu Alastair Lockett aig Ionad Turasachd Steòrnabhaigh a tha a' dèiligeadh ri àiteachan-fuirich airson Mòd na bliadhna seo.

Ma tha sibh airson àite-fuirich a thabhach air màl aig àm a' Mhòid, cuiribh fios gu Alastair.

Post-d: alastair.lockett@visitscotland.com
Fòn: 01851 703 088

Accommodation for Mòd nan Eilean Siar

The majority of people planning to attend this year's Royal National Mod will have made their accommodation arrangements already.

For anyone still to make arrangements, please contact Alastair Lockett at the VisitScotland Information Centre in Stornoway, as they are dealing with all accommodation queries.

Likewise, if you have accommodation that you would like to offer to people during the week of the Mod, please get in touch with Alastair.

Email: alastair.lockett@visitscotland.com
Telephone: 01851 703 088

Download
the App now!

The Royal
National Mòd 2016

Mobile App

Get it now!

*Ar Càngin
Ar Ceòl*



- > FIND OUT WHICH EVENTS ARE HAPPENING AND THEIR LOCATION
- > SEARCH COMPETITION AND EVENT BY DAY
- > FRINGE EVENTS PAGE
- > COMPETITION RESULTS SHOWN THROUGHOUT THE DAY



Luchdaich
a-nuas an
App a-nis!

App a' Mhòid

Faigh e a-niste!

*Ar Cànan
Ar Ceòl*



- > FAIGH A-MACH DÈ NA TACHARTASAN A THA ANN 'S CÀ AM BI IAD
- > LORG FARPAISEAN A RÈIR LATHA
- > DUILLEAG THACHARTASAN AN IOMAILL
- > CO-DHÙNAIDHEAN NAM FARPAIS RIM FAICINN TRON LATHA



An Comunn Gàidhealach

Atharrachaidhean air Earranan Ainmichte 2016 / *Changes to Prescribed Pieces*

Tha earrainnean ainmichte rin ceannach air làrach-lìn a' Chomuinn no faodar na leabhraichean a cheannach anns na h-oifisean againn.

The prescribed pieces for Mòd nan Eilean Siar are available to buy via our website or you can buy hard copies from one of our offices.

Chìthear atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seo gu h-ìosal.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below.

Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

If you have any queries, please do not hesitate to contact Màiri MacLeod at mairi@ancomunn.co.uk

C03

The instructions at the bottom of this page should now read: **Seinnear an t-seist iomlan aig an toiseach a-mhain. As deidh Rann 6, seinnear an t-seist bho Bar 2.**

(The full chorus is sung at the beginning only. After Verse 6, the chorus is sung from Bar 2)

C71 Fuillaigean

Verse 2 - **neo-chumanta** changed to **neo-chumant'**

C72

Page 7 - Bar 21, at the beginning of the lyrics for the verses, **2. 3. 4.** should be **2. 3. 6.**

Page 8 - **Sèist 5** should read **Sèist 5 & 6**

C96 Eilean Leòdhais, tìr nan gaisgeach

Bar 5 - sol fa **ba** should be **fi**

C112

word **muc** in the 2nd line should be **mùig**

C174

This piece has been changed to '**S cian bho dh'fhàg mi Leòdhas**. Please feel free to use **Seinn ho-ro seinn**, published in the booklet, as your own choice. Please contact the office on 01463 709 705 for the new music.

A300 Loch na h-Òb

The amended version is now available, please contact the office on 01463 709 705.

A306

Bar 23 Sopranos - first note should be a D instead of the F

An Comunn Gàidhealach

A301 Tionndaidh am bàt

Bar 19 - alto - words should read the same as the basses

Bar 21 - bass - add a tie to connect the Gs across the barline

Bar 35 - sops & bass - add a slur to connect C-D on fiamh

“ - bass - add a slur to connect Eb-D on ghnùis

Bar 45 - words should read the same as the basses

A303 Le Chèile

Bar 30 - alto - should be the same as bar 38

Bar 70 - in all parts - change **phrìseil** to **prìseil**

Bar 78 - in all parts - change **geamhradh** to **geamhraidh**

A308 Maoileas Mòr na Guailne

Bars 2, 6, 18 & 22 - in all parts - change **null** to **nall**

Bars 9, 11, 13, 15, 25, 27, 29 & 31 - in all parts - change **Lachdan** to **Lachdann**

Bars 12 (tenor), 16 (tenor), 28 (sops) & 32 (sops) - melody parts **ONLY** - first semi-quaver should be a **G#** rather than an **E#**

A308 Inns Dhòmhsa

Bar 42, 46, 58 & 62 - bass - 3rd beat semi-quaver should be a **low B** rather than an **F#**

C42A

Ann an roinn na h-òigridh anns na h-earranan ainmichte, 's e C42A bu chòir a bhith ann seach C42. 'S e mearachd riachd a tha seo. 'S e 'A' ghaoth' am pìos fhèin agus 's ann dha chlann eadar 11-12 a tha an fharpais

Please be aware that in the Junior Section of the Prescribed Pieces booklet, competition C42 should appear as C42A. This is an admin error. The piece is called 'A' ghaoth' and is for competitors aged 11-12.

Earrannan Ainmichte 2017

Bidh earrannan ainmichte airson farpaisean Òigridh agus Inbhich 2017 rim faotainn aig Ionad Fiosrachaidh a' Mhòid aig Sgoil MhicNeacail.

Airson òrdugh a chuir a-steach ro laimh, cuiribh fios gu: seonag@ancomunn.co.uk

Prescribed Pieces 2017

Prescribed pieces for all Junior and Senior competitions for Mod 2017 will be available from the Mod Information Desk which will be located in the atrium of the Nicolson Institute.

To pre-order pieces for Mod 2017, please contact: seonag@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Mòd Nàiseanta nan Stàitean Aonaichte 2016

Chaidh Mòd nan Stàitean Aonaichte a chumail air an t-seachdain mu dheireadh den t-Sultainn, agus chuir muinntir nan Stàitean fàilte chrìdheil air Anna Latharna NicIlllòsa, am breitheamh againn, agus air an dithis a ghlèidh Buinn Òir a' Chomuinn an-uiridh, Dòmhnall Iain MacIllledhuinn agus Catriona NicNèill. Bha farpaisean ann airson bàrdachd, sgeulachdan, seinn càraid, seinn aon neach, seinn còisir, agus airson na farpais as motha againn, Bonn Òr nan Stàitean.

Tha còisir ionadail air a stèidheachadh ann an Ohio, agus thadhail a' bhuidheann seo air a' Mhòd mar iomadach turas roimhe. 'Se Còisir Ghàidhlig Ohio an t-ainm a th'orra, agus, ged nach robh còisir eile ann ris an dèanadh iad farpais, sheinn iad dà òran anns a' Mhòd, agus fhuair iad breithneachadh, brosnachadh, agus comhairle bho Anna chòir. Thuirt iomadach duine aig an àm gun robh iad air tighinn air adhart gu mòr.

Anns a' phrìomh farpais aig a' Mhòd, aig a' cheann thall, ghlèidh Anna NicAlastair, a tha an sàs gu mòr ann an Còisir Ghàidhlig Ohio, an duais airson na comharraidhean as àirde anns an fharpais airson an òran ainmichte (tè de na farpaisean a tha riatanach airson duais a' Bhuinn Òir) agus, aig an deireadh, am Bonn Òr fhèin. Ghlèidh Seumas Ruff, à New York, an dà dhuais sin cuideachd airson nam fear. Meala naidheachd air an dithis aca!

Thuirt cathraiche a' Mhòid, Micheal MacAoidh, "Se seo a' naoidheamh Mòd air fhichead againn, agus tha gach duine a ghabh pàirt anns a' Mhòd a' riochdachadh luchd-ionnsachaidh nan Stàitean – tha iad dìleas do'n chultar a tha air cùlaibh na Gàidhlig a cheart cho math ris a' chànan fhèin. Tha na farpaisich a' tighinn an seo, chan ann airson duaisean agus buannachadh a-mhàin, ach airson na th'aca den Ghàidhlig adhartachadh agus a neartachadh, agus as aonais farpaisean mar seo, chanainn, cha bhiodh am Mòd a leth cho math 's a tha e. Mar sin, tha comadaidh a' Mhòid a' dèanamh soilleir do na breitheamhan a bhios againn, gu bheil sinn airson cuideam a chur, mar phrìomh amas, air innse do na daoine anns gach farpais, dè mar a nì iad leasachadh agus ceartachadh air na h-òrain, na sgeulachdan, agus na pìosan eile. Tha Anna air seo a dhèanamh gu sàr-ìre, agus tha sinn na comain gu mòr. Tha sinn cuideachd nur comain aig a' Chomunn Ghàidhealach airson an taic a chuireas sibh thugainn gach bliadhna, agus tha fadachd oirnn gus an tig an deicheamh Mòd air fhichead."



Anna Latharna NicIlllòsa còmhla ri Anna NicAlastair agus Seumas Ruff a bhuannaich am Bonn Òir



Còisir Gàidhlig nan Stàitean

An Comunn Gàidhealach

United States National Mòd 2016

